

# Oifis a' Chrùin agus Seirbheis Neach-Casaid a' Chrùin

## Ar Dleastanais ri Luchd- Fuiling is Luchd-Fianaise- Cùirte

### BILEAG-FIOSRACHAIDH

#### Ro-ràdh gu ar dleastanais

Bidh Oifis a' Chrùin agus Seirbheis Neach-Casaid a' Chrùin (OCSNC) a' toirt eucoir gu lagh agus a' rannsachadh bàs obann ann an Alba.

Tuigidh sinn buaidh eucoir air luchd-fuiling, luchd-fianaise agus an teaghlaichean. Tha sinn an seo gus ur cuideachadh tron phròiseas seo.

Feuchaidh sinn ri ceist sam bith a tha agaibh a fhreagairt. Dèiligidh sinn ribh gu proifeiseanta agus le meas aig gach àm.

Tuigidh sinn gu bheil mòran dhaoine an Alba aig a bheil diofar chùl-eachdraidh agus iomadh feumalachd. 'S e ar n-amais gun toir sinn seirbheis seachad a ghabhas suim air seo agus a bheir meas dha.

Sa bhileag seo gheibhear ar dleastanais ribh mar neach-fuiling neo neach-fianaise-cùirte. Faodar tuilleadh fios fhaotainn o "Ar Dleastanais ri Luchd-Fuiling is Luchd-

Fianaise-Cùirte - Leabhran Fiosrachaidh".

Gheibh sibh lethbhreacan den leabhran agus cothrom cur-sìos a dhèanamh dhuinn air mar a thachair dhuibh tro:

- **Oifisean Neach-Casaid a' Chrùin:** aig an ionad-fhàilte neo aig ball sam bith den luchd-obrach
- **Leabharlann Oifis a' Chrùin:** 0131 226 2626
- **Ionad-fiosrachaidh:** 0844 561 3000 (fòn-làimhe) no 01389 739557 (fòn-talmhainn)
- **Fòn-teacsa:** cuiribh 18001 ro na h-àireamhan-fòin againn
- **Facs:** Leabharlann Oifis a' Chrùin 0844 561 4074
- **Làrach-lìn:** [www.copfs.gov.uk](http://www.copfs.gov.uk)

## **Ar Dleastanais**

**Nì sinn:**

- 1. Meas agus seirbheis phroifeiseanta a thoirt dhuibh aig gach àm.**
- 2. Conaltradh soilleir èifeachdach ribh.**
- 3. Am fiosrachadh a tha a dhìth oirbh a thoirt dhuibh aig àm sam bith a tha sin a dhìth oirbh.**
- 4. Ur cùis a làimhseachadh cho luath sa ghabhas.**
- 5. Cinnteach nach tig oirbh fianais a thoirt**

**seachad sa chùirt ach nuair a dh'fheumar.**

- 6. Cinnteach gun tèid agaibh air conaltradh rinn mura h-i Beurla ur ciad chànan.**
- 7. Cinnteach gun cuir sinn san àireamh taic eile sam bith as dòcha a bhios a dhìth oirbh.**
- 8. Fiosrachadh a thoirt don Bhreitheamh mu mar a thug an eucoir buaidh oirbh.**
- 9. Fiosrachadh a thoirt dhuibh air mar a gheibhear cosgaisean air ais agus sin a làimhseachadh cho luath sa ghabhas.**
- 10. Co-obrachadh le buidhnean eile chor 's gum faigh sibh na seirbheisean a tha a dhìth oirbh.**

Cuiribh fios gu oifis Neach-Casaid a' Chrùin nam bu mhath libh an sgrìobhainn-sa ann an cànan neo cruth eile, nam measg Braille, cruth-èisteachd neo clò mòr.

**Oifis a' Chrùin agus Seirbheis Neach-Casaid a' Chrùin**

An t-Samhainn 2010

© Còraichean glèidhte a' Chrùin 2010